

# Cuairt-litir na Seirbheis Dualchais – Iris an Fhoghair - An Dàmhair 2020

## Càite an robh an taigh a b'fheàrr air a thogail?

Tha luchd-obrach [Hebridean Connections](#) a' dèanamh leasachaidhean air an tasglann didseatach seo. Aig an àm seo tha iad a' dèanamh deuchainnean air algoritimean a nì ceangal eadar diofar litreachaidhean a gheibhear air ainmean-àitichean. Tha fiosrachadh co-cheangailte ri cruinn-eòlas nan Eilean Siar na phàirt cudromach de làrach-lìn Hebridean Connections agus bheir leasachaidhean teicnigeach mar seo piseach air comas an neach-rannsachaidh. Tha an luchd-obrach cuideachd a' sgrùdadh data cruinn-eòlais an coimeas ri goireasan eachdraidheil - tha an stòras didseatach bhon naoidheamh linn deug [Ordnance Survey Name Books](#), a gheibhear air-loidhne aig [ScotlandsPlaces](#) air leth luachmhor a thaobh na h-obrach seo.

Tha an [clàr](#) seo airson Beagna Gearraidh (Begnigarry) a' tighinn à [Ross and Cromarty Ordnance Survey Name Books, 1848-1852](#); tha e ag ràdh gur e an togalach a bha seo “*The best built house in Sheadair lochdrach. It is built of stone and mortar, and has a window and chimney in it.*”

## A' sàbhaladh Arc-eòlais bho Bhleith

Na bu tràithe dhen bhliadhna mhothaich [Seirbheis Arc-eòlais na Comhairle](#) gu robh an caibeal agus an cladh aig [Teampall Mhìcheil](#) air Bearnaraigh Bheag air bleith fhulang an dèidh do bhalla a bha ga dhìon bhon mhuir fàilligeadh. Nuair a thadhail luchd-obrach air an làraich dhearbhadh iad gu robh bleith a' tachairt.

Tha an làrach inntinneach seo air a h-ainmeachadh ann an leabhar Mhàrtainn Màrtainn ann an 1695. Tha e ag innse mu chaibeil a bha coisrigte gu Naomh Donnan agus gu Naomh Micheal. Dh'fhaodadh seo a bhith a' ciallachadh gur e làrach Chrìosdail thràth an th' anns an làraich naomh seo.

'S e [Carragh Àrsaidh Clàraichte](#) a tha ann an Teampall Mhìcheil agus tha i fo chùram Àrainneachd Eachdraidheil Alba (HES). A' leantainn protacalan nas fharsaing, dh'innis an t-Seirbheis Arc-eòlais dha HES mun mhilleadh a dh'fhuiling an làrach agus chuidich iad le gach neach-ùidh aithneachadh. Cumaidh an t-Seirbheis Arc-eòlais sùil air an làraich seo agus an tèid gach obair a tha deatamach a chrìochnachadh.

## Fèis Innse Sgeulachdan Eadar-nàiseanta na h-Alba

Bidh am pròiseact Dualchas na Mara a' gabhail pàirt san [fhèis](#) seo, a tha ann eadar 17 agus 31 An Dàmha le bhith ag ath-innse cuid de na sgeulachdan co-cheangailte ris a' mhuir air a bheilear eòlach agus cuid air nach eilear cho eòlach. Tha an t-Oifigeir Pròiseact againn air a bhith a' faighinn trèanadh mar phàirt den fhèis. Tha sgeulachdan mu spùinneadairean, ròin agus maighdeannan-mara air a bhith air an clàradh tron ghlasadh agus chithear iad air an [Sianal YouTube](#) againn.

## Chan eil e ro fhada uair sam bith

Anns a' Chuairt-litir mu dheireadh againn dh'innis sinn dhuibh gu robh ar Luchd-Cuideachaidh Aoiagan trang a' dèanamh tar-sgrìobhadh air sgrìobhainnean bho Chruinneachadh Gibson fhad 's a bha iad ag obair aig an dachaighean. Tha iad a-nis air tar-sgrìobhadh a dhèanamh air 745 litir, 59 aiste sgoilearan agus 14 sgrìobhainnean eile bho [Chruinneachadh Gibson](#) agus air an cur air fad ann an cruth didseatach. Tha fadachd oirnn ach am faigh sinn a-mach dè a thachair dhan teaghlach Gibson an dèidh dhaibh an t-eilean fhàgail ann an 1925 airson a bhith nas fhaisge air Jean, ach gu duilich sin far a bheil na litrichean aca, agus an ceangal againn riutha, a' tighinn gu crìch, gar fàgail gan ionndrainn. Ach bha sinn air leth toilichte bho chionn ghoirid nuair a fhuair sinn fios gun dùil ris mu bheatha Jean an dèidh dhi an t-eilean fhàgail. Chaidh litrichean, air an sgrìobhadh le caraidean den teaghlach Gibson, a thoirt dhan Tasglann againn. Bho na litrichean seo dh'

ionnsaich sinn gu robh Jean beò gu seann aois agus gun do phòs i airson a' chiad agus an aon uair nuair a bha i 80 bliadhna a dh'aois! Le sin, ma tha duine agaibh-se a' sireadh gaol, na caillibh ur misneachd. Chan eil dad aig Cupid an aghaidh an aois!

## Cha b' e sin an salann saor

Tro mhìosan an t-samhraidh chaidh brath gach seachdainn air [Abairtean Gàidhlig](#) a thòiseachadh mar phàirt de phròiseact Dualchas na Mara, a' beachdachadh air cuid de na [seanfhaicil Ghàidhlig](#) a tha againn co-cheangailte ris a' mhuir. Chòrd 'Cha b' e sin an salann saor' gu mòr ri daoine. Tha an t-abairt seo a' dol air ais gu 1669 nuair a fhuair an Rìgh Teàrlach II làn chòir, dha fhèin a-mhàin, salainn a dhèanamh. Thug e a chòir do chùirtear a dh' àrdaich a' phris. Tha an eachdraidh agus a' chiall a tha co-cheangailte ri cuid de na seanfhaicil air a bhith air leth inntinneach.

## Cruinneachaidhean Foillsichte/Collections Revealed

Tha obair air clàr-seilbhe nan cruinneachaidhean air leantainn thairis air an t-samhradh le cuid den toradh air fhoillseachadh air [Facebook](#) agus [Instagram](#). 'S e aon bhuil a tha air a bhith aig seo gu bheil daoine air tighinn thugainn le tuilleadh fiosrachaidh, no airson sgeulachdan innse mu nithean a chaidh fhoillseachadh. Tha an ceangal seo leis a' choimhearsnachd, fiùs ged a tha dorsan an taighe-tasgaidh dùinte, deatamach a thaobh leasachadh a dhèanamh air na cruinneachaidhean againn. Tha e a' toirt cothrom dhuinn an tuilleadh fiosrachaidh a chruinneachadh mu nithean a tha againn, a bharrachd air cuimhneachain pearsanta agus uaireannan cothrom fiosrachadh a cheartachadh!

Chaidh againn cuideachd air rudan a bhuineadh don latha an-diugh a chruinneachadh, nam measg dreasa-bainnse bho na 1990an a chaidh a dhealbh agus a dhèanamh le tè de mhuintir na sgìre. Tha sinn a-nis a' beachdachadh air stuthan a bhios mar sgàthan air buaidh Covid-19 air na h-eileanan a chruinneachadh.

## Farpais Ealain Air an Tràigh

'S iomadh neach a ghabh pàirt san farpais ealain againn Air an Tràigh. Choisinn Emma NicLeòid, aois 5, an earrann airson clann aois 5-7, agus b' i Bethany Williamson, aois 9, a choisinn an farpais airson clann na bu shine. Bha obair gach neach aig fìor àrd ìre agus rinn seo obair nam brìtheamhan gu math doirbh. Taing mhòr don h-uile duine a ghabh pàirt agus taing do na brìtheamhan cuideachd. Chì sibh an obair a choisinn duaisean [an seo](#)

## Mòr-mholadh air Cruinneachadh

O chionn ghoirid tha [Cruinneachadh Gibson](#) air a bhith air a chur gu feum gu tric leis an ùghdair Iain Mac a' Ghobhainn. Tha Iain aig an àm seo a' sgrìobhadh [eachdraidh Sgoil MhicNeacail](#) mar chuimhneachan air an sgoil a tha gu bhith 150 bliadhna a dh' aois ann an 2023. Thuirt e gur e 'gold dust' a bh' anns na litrichean.

Thuirt Sir Thomas Devine, eachdraiche cho ainmeil 's a tha ann an Alba, a tha air dreach de na caibideilean a tha a' tarraing à Cruinneachadh Gibson fhaicinn:

'I am most grateful to you for sending me the annotated version of a wonderful source which reveals much about many issues in Lewis and beyond during and after the Great War. Personally, I am not aware of any similar collection of letters about a locality from that period with so much intriguing information... and that cast a shining light not only on specific incidents and developments but also on social attitudes at the time...'

## Òraidean Air-loidhne

Air an fhoghar seo tha sinn a' dèanamh deiseil airson sreath de dh'òraidean air-loidhne le eòlaichean air diofar chuspairean co-cheangailte ris a' mhuir. Bha a' chiad òraid leis an Dr Andra Jennings ann air 22 An Dàmhair, is e a' bruidhinn air 'Hebrideans in the Viking Sagas'. Bha seo air leth soirbheachail le còrr air 60 neach san èisteachd. Tha clàradh dhen òraid a-nis ri fhaicinn air [YouTube](#), agus chionns gur e seo a' chiad turas a rinn sinn sruthadh beò tha corra rud beag teicnigeach nach eil buileach ceart ach bidh sinn an dòchas iad sin a chur ceart ron ath òraid.

Bidh Ruaraidh MacIlIeathainn a' libhrigeadh òraid 'Identifying and Using Seaweed' air [Diardaoin 5 An t-Samhain](#). 'S ann sa Ghàidhlig a bhios an òraid aig Dòmhnall Uilleam Stiùbhairt air [Diardaoin 12 An t-Samhain](#) mu sgeulachdan os-nàdarra co-cheangailte ris a' mhuir. Bidh an t-Oll Donna Hedde a' toirt an t-sreath gu crìch le òraid 'The Vikings as Navigators: Here sails the sea-brave' air [Diardaoin 19 An t-Samhain](#).

## Aithrisean Neo-àbhaisteach - An Taisbeanadh

Ma tha thu ag ionndrainn a bhith a' tadhal aig Museum agus Tasglann nan Eilean airson ar taisbeanaidhean fhaicinn cum sùil a-mach mu dheireadh na Samhna no toiseach an Dùbhlachd nuair a tha sinn an dòchas ar taisbeanadh ùr air-loidhne a chur air bhog. Tha seo na phàirt den phròiseact [Between Islands](#) ann an com-pàirteachas ris An Lanntair. 'S e taisbeanadh gu math inntinneach a tha ann, air a thoirt gu bith mar phròiseact eadarainn fhìn agus [Taighean-tasgaidh Arcaibh](#) agus [Taighean-tasgaidh Shealtainn](#). Bheir sinn thugaibh ceangail chun taisbeanadh tron làrach-lìn againn agus air na meadhanan sòisealta nas fhaig air an àm.

## Bodaich na Sìde agus Atharrachadh na Gnàth-shìde

Tha Comhairle Rannsachaidh na RA airson Ealain agus Daonnachdan bho chionn ghoirid air pròiseact dà bhliadhna a mhaoineachadh. Tha '[Building Community Resilience through Community, Landscapes and Cultural Heritage](#)', air a stiùireadh leis an Ollamh Niall Dòmhnallach bho Oilthigh Liverpool, leis an Dr Simon Naylor bho Oilthigh Ghlaschu na cho-rannsaiche. Tha am pròiseact a' rannsachadh a' bhuaidh a tha tachartasan sìde neo-àbhaisteach gu h-eachdraidheil air a thoirt air coimhearsnachdan agus mar a tha iad air piseach a thoirt air fulangas dhaoine agus choimhearsnachdan tro atharraichean agus leasachaidhean de dhiofar seòrsa.

'S e na h-Eileanan Siar aon de thrì àiteachan a tha air an taghadh airson rannsachadh cùise agus tha Museum agus Tasglann nan Eilean nan com-pàirtichean foirmeil sa phròiseact. Bho chionn grunn bhliadhnaichean rinn an t-Ollamh Dòmhnallach agus an Dr Naylor rannsachadh air an t-sìde agus air an eachdraidh shòisealta a ghabhas tional le sgrùdadh a dhèanamh air leabhraichean-clàraidh sgoiltean nan Eilean Siar bho na 1870an. A' togail air an obair sin bidh sgioba a' phròiseact ag obair còmhla ris an t-Seirbheis Dualchais air sreath de thaisbeanaidhean agus thachartasan coimhearsnachd sealach a ghluaiseas bho àite gu àite agus a dh'innseas eachdraidhean na sìde sna h-eileanan. Bidh iad cuideachd a' trusadh bheachdan muinntir an àite air atharrachadh na gnàth-shìde. Ma tha sibh airson an tuilleadh fiosraichaidh fhaighinn cuiribh brath chun an Dr Simon Naylor [simon.naylor@glasgow.ac.uk](mailto:simon.naylor@glasgow.ac.uk)

## Agus san dealachadh...Ar Dualchas

Tha Anna NicGuire a chleachd a bhith ag obair aig Museum nan Eilean agus a tha a-nis ag obair aig Taighean-tasgaidh Baile Dhùn Èideann air buidheann a stèidheachadh dha daoine le Gàidhlig a tha an sàs ann an dualchas ann an Alba: <https://ardualchas.wordpress.com/> . Seo an seòladh puist-dealain ma tha sibh airson a' chuart-litir mhiosail fhaighinn - [ardualchas@outlook.com](mailto:ardualchas@outlook.com)

Cumaibh uile sàbhailte agus cuiribh dìon air a' choimhearsnachd air fad!

